

# Bìoball airson na Cloinne

## A' cur fan comhair

# Iàacob am Mealltair



Sgriobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: M. Maillot; Lazarus  
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: M. Kerr; Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:  
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children  
[www.M1914.org](http://www.M1914.org)

©2020 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlò-bhualadh,  
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.



A colorful illustration of Isaac and Rebekah. Isaac, on the left, is a man with dark hair and a beard, wearing a blue tunic and blue pants. He has his hands raised in prayer. Rebekah, on the right, is a woman with long dark hair, wearing a light blue tunic and a matching skirt. She is looking down with her hands clasped. They are standing in front of a grey tent. In the background, there are green hills under a blue sky.

An do chuir Dia  
a-riamh bùibidh don  
teaghlaich agadsa?  
Nach miORBhaileach  
sin! Feumaidh gu  
robh Isaac agus  
Rebacah uile gu lèir  
air an dòigh oir bha  
Dia dol

a thoirt  
leth-aon  
dhaibh.



Bha na bèibidhean a' sabaid am broinn Rebecah. Nuair a rinn i ùrnaigh, thuirt Dia rithe gum biodh an dithis mhac aice an ceann dà shluagh - agus gur e am fear a b' òige bu làidire. Mar bu tric b' e am fear a rugadh an toiseach bu làidire. Mu dheireadh rugadh na bèibidhean.



Cha robh an dithis leanabh coltach ri chèile idir. Bha craiceann Esau molach agus dh'fhàs e na shealgair sgileil. Bha craiceann Iàcoib lom agus bu toil leis a bhith ag obair am broinn an taighe. B' fheàrr le an athair Esau agus b' fheàrr lem màthair Iàcoib.



Aon latha, bha an t-acras air Esau. "Thoir dhomh biadh," ars esan ri Iàcob. "Reic do chòir-bhreithe rium," thuirt Iàcob. Cha robh dragh aig Esau mu gheall Dhè don chiad mhac. Reic e a' chòir-bhreithe airson biadh agus b' e Iàacob a bhiodh air ceann an teaghlaich nuair a bhàsaicheadh an athair.



Bhruidhinn Dia ri Isaac aon oidhche. "Is mise Dia d' athar, Abrahàm. Tha mi còmhla riut. Beannaichidh mi do shliochd." Ged a bha Isaac a' dèanamh adhradh do Dhia, phòs a mhac, Esau, dithis nighean Hiteach, daoine aig nach robh dragh mu Dhia.



Dh'fhàs Isaac sean. "Nach  
toir thu feòil ùr thugam," thuirt  
e ri Esau. "Agus gheibh thu mo  
bheannachd." Bha a' bheannachd  
seo bho athair gu ciad mhac  
speisealta. Dh'fhalbh Esau a  
shealg. Ach bha Rebecah air seo  
a chluinntinn. Bha ise airson gum  
faighean Iàacob a' bheannachd.






Bha plana aig Rebecah.  
Dheasaich i am biadh a  
b' fheàrr le Isaac agus  
chuir Iàcob air aodach  
Esau, agus craicainn  
molach beathaich air a  
làmhan agus amhach.  
*Cha robh fradharc*  
Isaac math. Is dòcha  
gum b' urrainn dhaibh  
a mhealladh.



Thug Iàacob am biadh a-steach do Isaac. "Tha do ghuth mar ghuth Iàcoib," thuirt Isaac, "ach tha do làmhan mar làmhan Esau." Nuair a bha e air am biadh ithe, bheannaich Isaac am mac a bha air a ghlùinean air a bheulaibh.



Dìreach nuair a bha Iàcob air falbh, thàinig Esau a-steach gu Isaac. "Seo am biadh," thuirt e. Bha fios aig Isaac an uair sin gun deach a mhealladh. "Chan urrainn dhomh a' bheannachd atharrachadh," dh'èigh e. Lìon cridhe Esau le fuath. Cho-dhùin e Iàacob a mharbhadh.





Chuala Rebecah Esau a' maoidheadh. "Theirig gu taigh d' uncail," thuirt i ri Iàacob, "gus an diòchuimhnich do bhràthair na rinn thu air." Dh'aontaich Isaac gum bu chòir do Iàacob bean a lorg bho theaghlach a mhàthar, agus dh'fhàg


Iàacob an dachaigh.


An oidhche sin, chaidh  
Iàacob a chadal

le clach mar chluasag.

Is dòcha gu robh e  
aonaranach agus gu  
robh an t-eagal air. Ach  
cha robh e na aonar.

Bhruidhinn Dia  
ris ann am bruadar  
mìorbhaileach.





"IS MISE DIA D' ATHRAICHEAN,  
ABRAHÀM AGUS ISAAC. THA MI CÒMHЛА  
RIUT. BHEIR MI DHUT AN TÌR SEO. LED  
THEAGHLACH BIDH A H-UILE TEAGHLACH  
ANNS AN T-SAOGHAL BEANNAICHTE."

Nuair a bha Dia air bruidhinn, dhùisg  
Iàcob. Bha an t-eagal air.



Chuir Làban, uncal Iàcoib, fàilte air.  
Bha gaol aig Iàcob air a cho-ogha,  
Rachel, agus rinn e seirbheis  
do Làban airson seachd  
bliadhna gus am b' urrainn  
dha a pòsadh. Ach, air



oidhche na  
bainnse mheall  
Làban Iàcob.

"Seo Lèah, chan e Rachel," thuirt Iàcob. "Mheall thu mi." "Feumaidh an nighean as sine pòsadh an toiseach," thuirt Làban. "Nis pòs Rachel cuideachd agus dèan seirbheis dhomh seachd bliadhna eile." Dh'aontaich Iàacob.

Is dòcha gu robh cuimhne aig mar



a mheall  
e Isaac  
agus Esau.




Bha aon mhac dheug aig  
Iàcob, Mar a chaidh na  
bliadhnaichean seachad  
bha e a' miannachadh an  
teaghlach aige a thoirt  
air ais a Chanàan. Bha  
a phàrantan an sin.



Ach bha Esau ann cuideachd,  
a bha air mionnachadh gum  
marbhadh e Iàacob. An robh e  
sàbhailte? Aon latha, thuirt  
Dia ris tilleadh. Chruinnich  
Iàacob a theaghlach agus a  
threudan chaorach agus thog  
e air dhachaigh.



Abair turas! Thàinig Esau a  
choinneachadh ri Iàcob le  
ceithir cheud duine! Ach cha  
do rinn e cron air Iàacob.  
Ruith e thuige agus ghabh  
e Iàacob na ghàirdeanan.  
Bha Iàacob agus Esau nan  
caraidean a-rithist,  
agus bha Iàacob air  
tilleadh



dhachaigh sàbhailte.

# Iàcob am Mealltair

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,  
Am Bioball, ri

Genesis 25 - 33

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:  
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."  
Salm 119:130





A' Chrioch



Tha sgeul a' Bhiobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Easan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige,

Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhlang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia:  
Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu  
don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò  
a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean  
gus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a  
dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad  
leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

